

# MAC-A-PHEARSAIN.

Eiribh gu luath,
'S bi 'bh suas gu h-ealamh,
A shluagh o thalamh nan Ga'l !
Sibhse tha chomhnaidh
Am mor-roinn Shaoigin,
Co thaghas sibh dh' agairt bhur cas ?

Chaidh ordugh luath
Chuir suas d' ur n-earann
Sibh thaghadh fear agairt gun dail,
Co chuireas sibh sios
Le rian do 'n Chomhairl',
A labhairt le cmhail gun sgath ?

Faicibh 'm fear coir,
'Se mor as daingeann,
Nach lubadh fambair gu lar,
Bheir ceartas ealamh
Do 'r n-oigridh fhearail,
'S do 'r sean-sluagh ceanalt gach la.

Tha inntinn fior,
'Se riamh gun sgainneal,
'S o shinnsr' ceanalt a dh' fhas :
Tha maoin gu leoir
As stor 'n a chomas,
'S cha chromadh gu masladh gu brath.

Sud am fear ur
Do 'n lub a Chomhairl',
'S ni gnothach gach duine mar 's aill :
Thigibh gun dail
Air sgath a ghaisgich,
As faicibh gur h-es bhios an aird.

Sibhse do 'n dual
Bhi cruaidh as tapaidh,
Na dibribh gaisge an draed ;
Gluaisibh gu stri,
Le cli 'n ur casan ;
'S le piob as bratach mar b' ai'sd.

Bio-dh Simco gun ghruaim,
Measg fuaim a chatha,
As suas gun atha biodh Grai !
Biodh Brus gu luath
Mu 'n cuairt do 'n chala,
As Huron fearail ri sail.

Bithibhse cruaidh,
'S bidh buaidh a bhaiteil
Mu 'n cuairt d'ur brataich 's a bhlar ;
Bithibhse treun
A reir bhur comais,
As eiridh gu h-obann bhur n-ait !

Gheobh sibh bhur coir,
'S bidh por an fhearainn,
As moran earrais 'n ur dail,
Fhuair sin fear treun ;
'Se fhein is airidh,
Hura ! Mac-Phearsain, hura !